

Seanchas Ìle

LÀMH SGRÌOBHAINNEAN MACLAGAIN

OS-NÀDARRACH: Sìthichean/ Sìmhearaidh

From Mrs Gillespie, Corspol, Islay

3474/5/6

"Bi iad ag radh gu' m b' abhaist daoine beaga bhi anns na sìthichean eadar so agus a Chreagan, agus is iomadh uair a chual mi gum biodh iad a faicinn an cnoc fosgailte, agus daoine beaga a dannsadh ann.

Bha moran sìthichean a measg cnuic Gortantaoid O shean, agus chual mise, (ma b'fhior a' naidheachd) gu' n d' thug iad aon uair bean phosda leo gu aon de na cnocan ud, agus gun robh i leo ann sin tachan uine. Aon oidhche thainig i gu uinneag a tighe fein agus dh' innis i d' a fear caite an robh i, agus thubhairt i ris, e thighinn thun a chnoc air oidhche choluinn (sin an oidhche bhios Ball a measg daoine beaga iad fein), agus biodag agus coileach thoirt leis, agus nur a bhitheadh an cnoc fosgailte, e a chuir am biodag an sàs 's ghrunnd, agus e fein a dhol a steach, a toirt a choileach leis air sgroban na dhorn, agus gum faigheadh e i dhachaidh leis. Nur a thainig oidhche choluinn rinn a fear mar a comhairleachadh dha, agus nur a ruig e an cnoc bha e fosgailte air thoiseach air, agus air dha am biodag a chuir sa ghrunnd ghabh e steach, e fein 's a choileach. Fhuair e na daoine beaga a' dannsadh agus Ban-choimhearsnach a bha air chall o chion fada a' dannsadh comhlath ruitha. Chunnaic e cuideachd, a mhnatha fein na suidhe shuas aig taobh an teine, agus i a' toirt cich do shean bhodach glas.

Dh'fosgail e a dhuirn, agus ghoir an coileach, agus ann am priobadh na sùl thuit na daoine beaga thall 's a bhos, mar gun robh iad marbh. An sin thainig an seorsa maighstir a bha aca a nios far an robh an duine, agus dh' iarr e air am biodag a tharruing as a ghrunnd, s gum faigeadh iad an dorus a dhunadh (or chi sibh, cha b' urrainn iad an dorus a dhunadh fhad 's a bha 'n stailinn an sin). Thubhairt an duine ris, ma leigeas sibhsa leinne, leigidh sinne leibhsa, agus ma bheir sibh seachad dhomh mo bhean 's mo Bhan-choimhearsnach, bheir mise as am biodag. Chord maighstir na daoine beaga ris a so, agus rinn e cumhnant ris nach beanadh iad ris tuille. Leis a sin thug an duine a bhiodaig leis, 's chaigh e fein, 's a mhnatha 's am Ban-choimhearsnach dhachaidh agus bha clann aig a mhnatha na dheigh sin.

From Mrs McConnell, Grulinn, Islay.

6193-6194

An deigh gun do cheannaich clann Ic Neul an t-eilean Cholasaich, bha'n teaghlach ac' a' basachadh mar a bha iad a tighinn. Cha robh fhios de b' aobhar dha, ach bha iad a cuir a' choire air a' bhanaltrachd, agus bha banaltrum an deidh banaltrum air a cuir air falbh, ach bha chuis co dona le gach te a thainig, 's bha leis an te a dh' fhalbh. Aig a' cheann mu dheireadh fhuair iad boireannach tapaidh gu bhi na banaltrum agus latha bha'n sin, nuair a chaidh i so a mach leis an leanabh, chunnaic i coslas boireannach, ach se bha ann, ban-sith, agus 'nuair a choinnich iad, thubhairt a' bhan-sith ris a' bhanaltrum.

"Se leanabh trom a tha agad an sin."

"Tha e trom, agus is trom an torrach," fhreagair i.

"Nach uaine tha aodann an leanabh."

"Tha e uaine, ach tha 'm feur uaine agus leanaidh e air fas."

Thubhairt a bhan-sith rud eigin eile mu'n leanabh, agus fhreagair am banaltrum i air an aon doigh 's an d' rinn i roimh. 'Nuair a chunnaic a' bhan-sith nach deanadh i a' bheag dheth 'n te eile, thubhairt i rithe, "tha thu glic, agus tha an t-am agad". Shoirbhich leis an leanabh sin, agus a sin suas, cha robh trioblaid tuille aca le an clann.

From Mrs McConnell, Grulinn, Islay

6196/7

Bha leannan sith aig Mac-dhubh-Fee Cholasaidh, agus bha teaghlach aice dha. Gach am, 'nuair a bha i gu bhi air leabadh chloinne, chaidh i air a h-ais chan a' chnoic; ach aon am, 'nuair a thainig oirre falbh mar a b' abhaist, cha leigeadh Mac dhubh Fee leatha falbh, agus thubhairt ise ris, ma nach leigeadh a leatha dol chun a' chnoic an uair so, mar a b' abhaist, nach biodh an uine fada gus nach biodh duine de chlann Mhic dhuibh fee ann an Colasaidh: ach nan leigeadh e leatha dol, gum biodh an sloinne so ann an eilean co fad 's mhaireadh an saoghal. Ach a dh' aindeoin na theireadh i, cha leigeadh e leatha falbh, 's cha do leig. Well, cha robh 'n uine fada na dheigh sin, gus an do shiubhail e, agus b' esan a' Mac Fee mu dheireadh a bha riamh air Cholasadh.

From Mrs McConnel, Grulinn, Islay (anonymous)

6232/3

Protesting her belief in respect of the existence of fairies, an Islay woman said:

"Tha daoine beaga ann. Nach eil an bioball fein ag innseadh dhuinn, 'nuair a thilgeadh nan droch spiorad a mach, gun deachaidh cuid dhiubh 'san fhairge, agus cuid sna creagan, agus cuid fo na cnuic."

From Donald McEachern, Kildalton, Islay (anonymous)

6233

"Bha na h-uiread do na sithrichean mu Choul sin o shean. Cha robh ait' eil san eilean far an robh an gu pailt'. Cha b'urrainn do na daoine bha 'n sin crann a chuir air dorus oidhche 'sa bhliadhna, leis mar bhiodh iad a tighinn a steach gus na tighean feadh na h-oidhche. Chuala mi mu bhoireannach a thainig an rathad aon uair. Bha i dol a chuir seachad an oidhche an sin. 'Nuair a thainig an t-am, chaidh e a laidhe, i fein agus dithist bhan eile anns an aon leabadh - ise 'sa mheadhan eadar an dithist eile. Ach cha d' fhuair i mir fois fad na h-oidhche leis mar bha i air tilgeadh a thaobh gu taobh de 'n leabadh: agus leis na fhuair i, ghabh i a casan gu luath 's a thainig an latha, agus cha d' thainig i rathad Choul riomh na dheigh sin."

An old Islayman declared that he saw a fairy himself, and described the circumstances as follows. The description is given as nearly as possible in his own words.

“Nuair a bha mise ann am phatan balaich, bha mi buachailleachd ann an Ardnave. Se earrach anmoch, agus tioram a bha `n, agus aon fheasgair bha am maighstir anns a’ gharadh, ga uisgeachadh, agus chuir e mise a’ tharruing uisge dha a nios o’n amhainn bheag a bha fodh na tighean. `Nuair a bha mi shios aig an amhainn, fhuair mi maide, agus chuir mi neapaicin ris airson seol, agus thoisich mi air a sheoladh air an amhainn. Bha `m feasgar ciùn, ach thainig osag gaoithe, gu math laidir, agus leag e `m bat agam, agus `nuair a dh’ amhairc mi suas, chunnaic mi duine beag na sheasamh `sa a bhealach, agus e dresste le ad cockte. Cha robh e ni b’ airde na mu ochd oirlich, agus bha a chasan cho caol ri m’ bhata.

Stad an osag, agus an am mionaid chaidh an duine beag as mo shealladh. Rinn mi ann am inntinn nach innsinn do dhuine sam bith na chunnaic mi, ach thainig mo mhaighstir `na ruith far an robh mi, agus dh’ fheorraich e dhìom an robh eagal orm, oir b’ urrainn dhasan am bealach fhaicinn cuideachd o far an robh e anns a’ gharadh. Thubhairt mi nach robh: agus dh’ fheoraich e dhìom, am faca mi ni sam bi. Thubhairt mi fhein gum faca mi a’ ghaoth agus thubhairt esan “well, ma nach eil eagal ort, chan `n eil difir.” Tha mi cinnteach gum fac esan an sithrich cuideachd.”